

An Litir Bheag **le Ruairidh MacIlleathain**

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 140 (which corresponds to Litir 444). Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk.

Ann an Litir mu dheireadh bha mi ag innse dhuibh mun leabhar aig Seòsamh Watson – *Saoghal Bana-mharaiche*. Chruinnich Watson beul-aithris Ghàidhlig anns na bailtean beaga ann am Machair Rois. Is iad sin Baile a' Chnuic, Baile an Todhair agus Seannduaig.

Faisg air Seannduaig tha baile air a bheil *Broomton* ann am Beurla. 'S e a' Ghàidhlig air *broom* – sin an lus – *bealaidh*. 'S e a' Ghàidhlig air *Broomton Baile a' Bhealaidh*.

Chruinnich Seòsamh Watson amaladh-cainnt anns an sgìre sin. Tha e co-cheangailte ri Baile a' Bhealaidh. 'S e amaladh-cainnt a' Ghàidhlig air *tongue-twister*. Tha e a' dol mar seo: *Caoraich Baile a' Bhealaidh ag ithe bealaidh aig beulaibh Baile a' Bhealaidh*. Chan eil sin ro dhoirbh, a bheil? Feuchaibh e! *Caoraich Baile a' Bhealaidh ag ithe bealaidh aig beulaibh Baile a' Bhealaidh*.

Bha mi ann am Machair Rois o chionn ghoirid. Bha feasgar sònraichte ann. Bha daoine ag innse sgeulachdan is naidheachdan. Chaidh mi ann gu sònraichte airson èisteachd ri tè a bhuineas do Mhachair Rois. Is ise Doilidh NicDhòmhnaill. Tha i làn beul-aithris na sgìre.

B' i màthair Doilidh Isbeil Anna (bean Uilleim MhicAonghais), nach maireann. Bha Gàidhlig gu leòr aig Isbeil. Thug i tòrr beul-aithris do Sheòsamh Watson. Chan eil Doilidh fhèin buileach fileanta ann an Gàidhlig. Ach tha beagan aice. Agus tha i uabhasach fiosrachail mu dhualchas na sgìre.

Thug i rann Ghàidhlig seachad mun Linnet Mhòr – soitheach a chaidh fodha ann an stoirm anns an naoidheamh linn deug:

Linnet Mhòr bha siubhal a' chuain
Thàinig i steach air oidhche ghruaim
Is thilg an stoirm a Chadabol i.

'S e Cadabol baile beag faisg air Baile a' Chnuic. Tha beul-aithris aig an t-sluagh fhathast mun stoirm sin. Thachair an tubaist ann an ochd ceud deug, ceathrad 's a trì (1843).

Fhad 's a bha mi ag èisteachd ri Doilidh, bha i gu math stoirmeil a-muigh. Dìreach mar a bha i nuair a chaidh an Linnet fodha.

Linnet Mhòr bha siubhal a' chuain

Thàinig i steach air oidhche ghruaim

Is thilg an stoirm a Chadabol i.

An ath-sheachdain innsidh mi tuilleadh dhuibh mu chall an t-soithich sin.

* * * * *

Faclan is abairtean: Saoghal Bana-mharaiche: *the life/world of a fisherwoman*; chruinnich: *collected*; Machair Rois: *the flat country of Easter Ross*; Baile a' Chnuic, Baile an Todhair agus Seannduaig: *Hilton, Balintore and Shandwick*; bealaidh: *broom (plant)*; amaladh-cainnt: *tongue-twister*; Caoraich Baile a' Bhealaidh ag ithe bealaidh aig beulaibh Baile a' Bhealaidh: *the Broomton sheep eating broom in front of Broomton*; o chionn ghoirid: *a short while ago, recently*; sònraichte: *special*; ag innse sgeulachdan is naidheachdan: *telling stories and anecdotes*; gu sònraichte airson èisteachd ri tè a bhuineas do: *especially to listen to a woman who belongs to*; is ise Doilidh NicDhòmhnaill: *she is Dolly MacDonald*; làn beul-aithris: *full of oral tradition*; b' i màthair Doilidh Isbeil Anna: *Dolly's mother was Isbeil Anna*; nach maireann: *deceased*; uabhasach fiosrachail mu dhualchas na sgìre: *extremely knowledgeable about the area's heritage*; thug i rann Ghàidhlig seachad mun: *she recited a piece of Gaelic verse about the*; soitheach a chaidh fodha ann an stoirm: *a vessel that went down in a storm*; anns an naoidheamh linn deug: *in the 19th Century*; bha siubhal a' chuain: *which was travelling the ocean*; air oidhche ghruaim: *on a dark gloomy night*; thilg an stoirm a Chadabol i: *the storm threw her onto [the shore at] Cadboll*; thachair an tubaist: *the mishap took place*; fhad 's a bha mi ag èisteachd ri: *while I was listening to*; bha i gu math stoirmeil a-muigh: *it was very stormy outside*; innsidh mi tuilleadh dhuibh mu chall an t-soithich sin: *I'll tell you more about the loss of that vessel.*

ends